

Ceistean agus Freagairtean



Coimhead air duilleag 31.

1. (a) Dè an structar a tha air a' chiad pharagraf?

Tha a' chiad seantans uabhasach goirid ach tha na seantansan eile às dèidh seo nas fhaide agus làn fiosrachaидh.

(b) Dè cho èifeachdach 's a tha an structar seo?

Tha e èifeachdach a chionn 's gu bheil an t-seantans ghoirid ag innse dhuinn gu bheil i anns an sgoil. Tha an clag a' comharrachadh deireadh latha na sgoile. Mar sin, tha e iomchaidh gu bheil an t-seantans goirid, seach gu bheil i a' comharrachadh deireadh aon earrann de a beatha làitheil agus gu bheil earrann eile den latha a' tùiseachadh.

Tha e èifeachdach cuideachd gu bheil na seantansan às dèidh seo nas fhaide oir tha e a' samhlachadh na tha a' tachairt aig an ìre seo san sgeulachd. Tha e a' cruthachadh dealbh an inntinn an leughadair den charactar a' ruith gu cabhagach sìos an trannsa ach am faigh i a-mach às an sgoil.

Coimhead air duilleag 31 - “Ô nach seall thu cà' bheil thu a' dol!”

2. Dè cho èifeachdach 's a tha e gu bheil na faclan seo taobh a-staigh nan comharran-cainnt?

Tha seo uabhasach èifeachdach a chionn 's gu bheil e a' toirt dhuinn fiosrachadh a bharrachd. Tha am fiosrachadh seo cudromach airson sealltainn don leughadair a' chabhag san robh Eilidh agus nach robh i a' coimhead far an robh i a' dol. Tha am fiosrachadh ann an camagan a' toirt oirnn tuigsinn gun robh Eilidh mothachail gun robh i air an nighean seo a phutadh chun a' bhalla na cabhaig. Ach, air an làimh eile, cha

do stad Eilidh idir. Tha am fiosrachadh air cùl a h-inntinn, agus chan eil e cudromach gu leòr dhi airson toirt oirre stad a dh'fhaighneachd an robh an nighean ceart gu leòr. San aon dòigh, tha na camagan a' samhlachadh mar a bha Màiri a' faicinn an fhiosrachaидh – mar rudeigin nach eil ro chudromach, ach air a shon sin air a bheil i mothachail.

3. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' toirt air an leughadair tuigsinn nach eil Eilidh idir ag iarraidh feitheamh ri lioft a thoirt don nighinn eile?

Tha i ag innse dha màthair nach eil fhios aice dè an t-ainm a th' oirre. Chan eil i a' coimhead suas bho na pàipearan a tha i a' leughadh. Cuideachd, tha i ag ràdh gun tog cuideigin eile i, ged nach eil i idir cinnteach às an sin.

Coimhead air duilleag 32.

“Bha aice ri dannsa a dhèanamh agus ri òrain a ghabhail.”

4. (a) Dè tha sònraichte mun chòigeamh paragraf air an duilleig seo?

Tha am paragraf uabhasach goirid le dìreach aon seantans.

(b) Dè cho èifeachdach 's a tha seo?

Tha seo èifeachdach a chionn 's gu bheil e a' tarraing aire an leughadair chun nam faclan a tha air an cleachdad. Tha am paragraf cudromach ann a bhith a' toirt tuigse dhuinn air caractar Eilidh. Tha sinn dìreach air faighinn a-mach gun robh pàirt chudromach aice san dealbh-chluich agus gu bheil fadachd oirre a bhith air an àrd-ùrlar a-rithist.

Coimhead air duilleag 33.

5. Tagh abairt a tha a' dearbhadh gun robh Eilidh nearbhach.

“Bha a làmhan air chrith...”.

Coimhead air duilleag 34.**6. (a) Dè an sgil-sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a' cleachdad a' cleachdad sa chiad pharagraf?**

Ceasnachadh

(b) Dè a' bhuaidh a th' aig an sgil-sgrìobhaidh seo?

Tha e a' toirt tuigse don leughadair air a' bhuaireadh a tha ann an inntinn Eilidh. Tha sin soilleir leis na ceistean a th' aice mu na tha a' tachairt mun cuairt oirre. Chan eil sòn a dh'fhiös aice dè th' air tachairt dhi no carson a tha i san t-suidheachadh sa bheil i an àite a bhith air an àrd-ùrlar mar a bha i an dùil.

“Anns an teatair, Eilidh. Tha thu anns an teatair.”

7. Tha an sgrìobhadair a' cleachdad a' cleas-cainnte an seo.**Dè a' bhuaidh a th' aig a' chleas-cainnte seo?**

Aig toiseach na sgeulachd, bha làn dhùil aig Eilidh a bhith anns an ‘teatair’ – an teatair le àrd-ùrlar far am biodh i a' seinn 's a' dannsa san dealbh-chluich aice. Ach, bun a bh' ann, ro dheireadh na sgeulachd, tha Eilidh ann an teatair de sheòrsa eile – teatair san ospadal a chionn 's gu bheil i air a cas a bhriseadh.

Chunnaic Eilidh gun robh a cas air “a còmhdaich chun na glòine le plastar pinc”.

8. Dè tha neònach mun t-suidheachadh anns a bheil Eilidh a-nis?

Tha an suidheachadh anns a bheil i a-nis làn ioranais. Tha i ann an teatair ris nach robh dùil aice.

Coimhead air duilleag 37.**9. (a) Dè tha sònraichte mun t-seantans mu dheireadh sa cheathramh paragraf?**

Tha i uabhasach goirid – dìreach dà fhacal.

(b) Dè a' bhuaidh a tha aig an t-seantans seo?

Tha seo a' tarraing aire an leughadair. Tha na faclan, agus an structar mar shambla air na tha a' tachairt sa pharagraf fhèin. Tha an nighean a' "stad" gu h-obann, agus mar sin, tha e freagarrach agus èifeachdach gu bheil an seantans a' stad gu h-obann cuideachd.

Coimhead air duilleag 38.

10. Dè an seantans a tha a' sealltainn gu bheil Eilidh a' faireachdainn ciontach gun do ruith i seachad air Mairead gun diù sam bith a chur innte?

"Nach mi bha suarach," smaoinich i.

11. Carson a tha Eilidh a' toirt cuireadh do Mhairead tighinn chun an taighe aice?

Tha Eilidh a' tuigsinn gun do dhèilig i ri Mairead ann an dòigh a bha mì-iomchaidh an latha a ruith i seachad oirre agus i ann an cabhag. Tha i mothachail nach do nochd ise co-fhaireachadh sam bith do Mhairead ged a bha a cas briste. Tha Eilidh a' faireachdainn ciontach mun seo, gu h-àraid on a tha Mairead air co-fhaireachdainn agus càirdeas a nochdadh rithe fhèin. Tha Eilidh a' tuigsinn gu bheil i air a bhith ga giùlan fhèin gu math fèineil, mosach. Bha leithid de chabhaig oirre agus leithid de dh'uallach oirre mun dealbh-chluich agus a pàirt fhèin ann, 's gun do dhìochuimhnich i gun robh feumalachdan aig daoine eile cuideachd.

Smaoinich air an sgeulachd air fad.

12. Nad bheachd-sa, dè teachdaireachd na sgeòil?

Tha iomadh teachdaireachd a' nochdadh san sgeulachd seo. Sa chiad àite, tha Eilidh caran fèineil, chan eil mòran for aice air feumalachdan dhaoin' eile agus tha i an-còmhnaidh ann an cabhag. Tha i gu math pròiseil aiste fhèin 's i air pàirt chudromach fhaighinn ann an dealbh-chluich. Ach, tha tubaist aig Eilidh mus tèid i fiù 's air an àrd-ùrlar, agus tha i a' briseadh a cas. Dh'fhaodar a ràdh gur e leasan a tha seo a tha ag ràdh: 'Sibhse a tha nur seasamh, thoiribh an aire nach tuit sibh!'.

Tha Eilidh ag ionnsachadh mòran rè na h-ùine a tha i a' cur seachad air croitseachan. Tha nighean bhon chlas aice a' mothachadh gu bheil Eilidh le cas ann am plastar, agus tha i a' tabhann lioft a thoirt dhi gus nach fheum i am bus a ghabhail. Rinn an nighean seo a chionn 's gun robh ise i fhèin air a bhith air croitseachan, agus bha co-fhaireachainn aice ri Eilidh. Thug an càirdeas seo air Eilidh tuigsinn nach robh ise buileach cho coibhneil ris an dearbh nighinn seo nuair a bha i air croitseachan agus

Eilidh a' ruith na cabhaig. Tha Eilidh a' faireachdainn ciontach mun seo, agus tha i a' toirt cuireadh don nighinn eile tighinn chun an taighe aice a choimhead DVD. Tha e na theachdaireachd don leughadair gum bu chòir dhuinn a bhith mothachail air feumalachdan dhaoine eile. Cuideachd, mura bheil sinn a' dèanamh an rud cheart aig an àm, gum bu chòir dhuinn làmh a' chàirdeis a shìneadh a-mach airson rudan a dhèanamh nas fheàrr. 'S ann le bhith gar giùlan fhèin san dòigh seo a gheibh sinn toileachas – tha e air innse dhuinn san loidhne mu dheireadh gun d' fhuair Eilidh toileachas bhon chuideachadh a thug Mairead dhi, agus bhon chàirdeas a sheall i fhèin cuideachd – "Rinn Eilidh a' chiad ghàire airson iomadh latha."

